

## Crònán Chàrsaig

*Dùin do shùilean luaidh mo  
chrìdh'  
Dèan an cadal a ghràidhein,  
Dùin do shùilean luaidh mo  
chrìdh  
'S thèid mi don tràigh a-  
màireach leat.*

*Càit' eil an caisteal a thog thu  
a ghràidh?  
Saoil thu bheil sgeul air a  
làrach?  
Càit' eil na sligean a thrus thu  
sa bhàgh,  
Thall san tràigh bhàn aig  
Càrsaig.*

*Dèan thus' an cadal is èirigh  
tu slàn,  
thèid sinn le chèile a-  
màireach.  
Null thar a' mhachair gu ruig  
an tràigh bhàn,  
Is togaidh sinn caisteal an  
Càrsaig.*

*Ealasaid bhòidheach, 's tu  
luaidh mo chrìdh',  
'S tu mo shaoghal, a  
phàisdein;  
'S tusa mo bhruadair nuair  
bhios mi leam fhìn,  
Dèan cadal gu socair an-  
dràsta.*

## Carsaig's Lullaby

Shut your eyes, love of my  
heart,  
Sleep my darling.  
Shut your eyes, love of my  
heart,  
And I will go to the beach with  
you tomorrow.

Where is the castle that you  
built my darling?  
Do you think there's a sign of  
it left?  
Where are the shells you  
collected in the bay,  
Yonder in the white beach at  
Carsaig.

Sleep peacefully and you will  
rise refreshed,  
We will go together tomorrow.  
Across the moor towards the  
white beach,  
And we will build a castle in  
Carsaig.

Beautiful Elizabeth, you are  
the love of my heart,  
You child, are my world;  
You're in my dreams when I'm  
alone,  
Now sleep peacefully.

